

Cumadh an fhaileas

Pòl nas Òige

Bha mise claoidhte; bha sinn uile air leth sgìth. Ach bha sinn sunndach cuideachd. Nuair a thoirt mi sùil eadar mo chasan, chunnaic mi Loch a' Choire Ghlais fad air falbh fodham. Ach aig an àm sin, cha robh càil ghlas ann ma timcheall; chan ann ach eigh is sneachd. Bha an loch fhèin cho bhàn ris an arain coisrigte. Agus triùir an cruinneachadh an ceann a chèile an sin, cho àrd os cionn a' choire reòthte.

Bha sinn dìreach air chrìochnachadh am pàirt as cunnartaiche de'n streap gu lèir: bogha-eighe, cas boillsgeach, ceithir fichead meatairean os cionn ùrlar a' choire. Leth uair nas tràithe, cha robh mi cinnteach gum bi mi comasach airson am bogha-eighe sin a dhìreadh. Chunnaic mi mo charaid Seòras a' gleacadh leis a' bhogha: dà tuaghan-eighe na làmhan, agus e a' luasgadh a-muigh air a mheidh. Mar a bha fhios'm gun robh Seòras na streapadair as fheàrr eadar esan is mi fhìn, thàinig eagal mòr ormsa nach deach mi os cionn a' bhogha-eighe gu bràth. Chunnaic mi suas a-rithist gu làrach strì Sheòrais. Thuit spealgan-eighe agus mallachdan a-nuas bhuaithe, agus iadsan a' bualadh ormsa. Sheall mi suas. Spealgan eile. Dh'fhuirich mi.

Gu h-obann, chaidh Seòras à sealladh, agus lean an ròp suas an dhèidh. Bha agam ri fuireach fhathast; fuachd a' tighinn ormsa agus annamsa, beag air bheag. Dh'fhairich mi aonarach; an aon creutair beò anns a' choire reòthte sàmhach, agus mo mhisneachd a' seargadh anns an fhuachd. Dh'fhuirich mi fhathast. Guth a' ghaoithe a' tarraing à mo mhisneachd, agus mise a' smaointinn gum bi mi a' fuireach gu sìorraidh ...

An dèidh greis, stad an ròp, agus thuig mi gun do ràinig Seòras aig ceann an ròpa, aig an aon àite sàbhailte far an robh Calum. Bha esan a' chiad streapadair nar buidheann agus, mus do dhìrich Seòras, bha Calum air ceangal a' dèanamh eadar an ròp is a' chreag. Dh'fhuirich mi. Mu dheireadh thall, bha e coltach gun robh an dìthis deiseil. Chuala mi glaoth bhua: "Streap!". Cha robh roghainn eile agam an uair sin ach oidhirp a dhèanamh. Thòisich mi a dhìreadh. Aig an toiseach cha robh faireachdainn sam bith nam' làmhan; thàinig i air ais gu mall. Gu h-iongantach, cha d'fhuair mi trioblaid tuilleadh 's a chòir air a' bhogha-eighe. Gun teagamh sam bith, b' e obair doirbh a bh'ann, agus b' fheudar dhomh a dhol a-mach às mo mheidh; ach gach turas a chleachd mi mo thuaghan, fhuair iad àiteachan daingne am measg na h-eighe. Beag air bheag fhuair mi astar ann. Ann am beagan mionaidean, bha sinn uile còmhla cruinn a-rithist air palla àrd deighe. Bha mi a faireachdainn aobhneach, a dh'aindeoin a bhith cho sgìth an dèidh an spàirn mhòr a rinn mi.

An dèidh ar meal-ur-naidheachdan, agus an dèidh coimhead a-mach air an sealladh rag breagha, chaidh sinn a' beachdachadh air an obair ri teachd. Bha e coltach nach bi an streap romhainn cho doirbh ris am bogha fodhainn. Chunnaic sinn trì steapaichean air aghaidh a' bheinne, mar fuidheall staidhre fhamhair. Cha robh e a'coimhead doirbh idir, agus chaidh ar misneachd a' fàs. Dh'aontaich sinn uile: "Leig dheth sinn an ròp; bidh sinn nas luaithe às a aonais".

Thòisich sinn a' streapadh a-rithist: Calum is mi fhìn an toiseach, agus Seòras a' leanas nar dèidh. Le gach ceum suas, dh'fhàs na seallaidhean as miorbhailiche. Sealltainn a-mach às a' bhràighe far an robh sinn, chaidh Gleann Allt a' Choire Ghlais glaiste ann an dorchadas, fo faileas an aon beinn air an robh sinn fhèin; tro cruth a faileas, chunnaic sinn gun robh coltas sheòl -toisich air a' bheinn seo:

Sròn a' Choire Ghairbh. Air an làimh dheas, chaidh Sean Mheall agus Meall nan Dearcag a' cur am falach air Loch Lochaidh agus Lagan a' Tuath – an t-àite-fuireach againne. Air an làimh clì, chaidh Beinn an t-Sìthein ga nochdadh mar triantan geal deàlrach, boillsgeach air fàire fo solas na grèine.

Chum sinn a' dol. Ged 's bha an streap fhathast cas, cha robh e doirbh idir; bha sinn air ar dòigh glàn. Mheal sinn an latha, an t-eacarsaich agus ar còmhradh. Cha do mhothaich sinn atharrachadh ann an cor an talmhainn. Nas tràithe, chaidh sinn air ar spìcean a' cleachdadh air eigh làidir. A-nis, bha leth-meatair de sneachd air muin na h-eighe. Ach cha do mhothaich sinn sin fhathast. An dèidh ghabh air a' bhogha-eighe, cha robh sinn airson dragh sam bith a ghabhail. Chum sinn a' dol. Mu dheireadh thall, thàinig sinn faisg air mullach a' bheinne. Bha sinn a' seasamh dìreach fo'n còrnis, agus sinne a' beachdachadh air an dòigh as fheàrr airson toll a dhèanamh ann, gus bàrr a' dhrum a ruighinn. "Trobhadaibh!" ars mise. "Tha e furasta gu leòr. 'S e pìos mùin a' th'ann".

"Thalla thusa le do 'phios mùin'" thuirt Calum, a' gaireachdainn. "Dè tha ceàrr air fìor mallachdan Ghàidhlig?"

Cha d'fhuair mi cothrom airson freagairt. Gu h-obann, chuala sinn uile fuaim annasach, mar anail muc-mhara anns a' gaoithe. "Mo chreach!" ghlaodh Seòras. Agus sin e; thàinig ar creach oirnn-ne. Thàinig crìoch air an t-saoghal àbhaisteach, agus thòisich saoghal eile: saoghal gluasadach; saoghal geal is bàn; saoghal a' mhaoim-sneachda. Fhuair mi a-mach gur e àite aonarach a th'ann taobh a-staigh mhaoim-sneachda cuideachd. Gun dàil, chaidh mo dhithis chàirdean fodha, agus iadsan air chall à sealladh an grèim an t-sneachda. Cha robh iad a' faicinn càil ach an dorchadas neònach an t-saoghal geal. Ach bha mise a' faicinn a h-uile rud, agus mi fhìn a' sleamhnachadh sìos mar pàirt riatanach a' bhras-shruth. Bha e soilleir dhomh gun robh sinn airson a' dhol tarsainn gun stad air na trì steapaichean aghaidh a' bheinne. An dèidh sin, ruigeadh sinn bàrr na creige os cionn a' choire, agus an uair sin ...

Gu h-iongantach, cha robh eagal mòr ormsa; an àite sin, bha ùidh caran dhealaichte agam air gluasad a' mhaoim-sneachda; agus bha beagan meas agam air a bòidheachd. Co-dhiugh, dh'fheuch mi casg a chuir orm le mo thuagh-eighe, ach bhuns i air ais rium. Gu h-obann, chuimhnich mi rudeigin a leugh mi o chionn fhada: bha cudeigin air a' beachdachadh gun urrainn dha snàmh taobh a-staigh mhaoim-sneachda. Dh'fheuch mi snàmh gun soirbheachadh. Dìreach an uair sin, ràinig sinn aig bàrr na creige; aig am briseadh-dòchas ud a bha feitheamh oirnn, ro briseadh a h-uile rud eile.

Stad am maoim-sneachda gu mionaideach air bàrr na creige. Bha sàmhchair dhomhainn ann. Dh'èirich mi is chaidh mi a' coimhead airson Calum is Seòras. Gu mìorbhaileach, bha sinn uile ceart gu leòr. Shuidh sinn gun bhruidhinn. Rinn sinn an sàmhchair nas doimhne. Triùir an cruinneachadh an ceann a chèile an sin; agus is gann ar faileasan ag atharrachadh an dorchadas a' glinne fad air falbh fodhainn.